

# An Litir Bheag

le Ruairidh MacIlleathain

An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 52 (which corresponds to Litir 356). Ruairidh can be contacted at [roddy.maclean@bbc.co.uk](mailto:roddy.maclean@bbc.co.uk).

Seo agaibh liosta de dh'fhaclan. Dè th' annta? An Rùd, An Tarbh, Càraid, A' Chrùbag, An Leòmhann, An Òigh, Am Meidh, An Nathair-nimhe, Am Boghadair, An Gobhar, Fear-giùlain Bùirn agus Na h-Iasgan.

Thàinig an liosta à Eilean Bheàrnaraigh – Beàrnaraigh Mòr. Tha sin air taobh siar Leòdhais. Nochd iad ann an leabhar ùr an-uiridh. Bha am fear a chuir am fiosrachadh ri chèile na iasgair. Seo an liosta a-rithist. An Rùd, An Tarbh, Càraid, A' Chrùbag, An Leòmhann, An Òigh, Am Meidh, An Nathair-nimhe, Am Boghadair, An Gobhar, Fear-giùlain Bùirn agus Na h-Iasgan.

'S e a th' annta comharraidhean dhen Chrios-nèimhe. Tha sin a' ciallachadh "the signs of the zodiac". Comharraidhean dhen Chrios-nèimhe. Cia mheud comharra a th' ann? A bheil fios agaibh? Am bi sibh a' leughadh nan "rionnagan" anns a' phàipear-naidheachd?

Tha dà chomharra dheug ann uile gu lèir. Dà chomharra dheug. Agus seo iad, leis a' Bheurla cuideachd: An Rùd no an rùda – *Aries, the ram*, An Tarbh – *Taurus, the bull*, Càraid – *Gemini, the twins*, A' Chrùbag – *Cancer, the crab*, An Leòmhann – *Leo, the lion*, An Òigh – *Virgo, the virgin*, Am Meidh – *Libra, the scales*, An Nathair-nimhe – *Scorpio, the scorpion*, Am Boghadair – *Sagittarius, the archer*, An Gobhar – *Capricorn, the goat*, Fear-giùlain Bùirn no Uisge– *Aquarius, the water carrier* agus Na h-Iasgan no na h-Èisg – *Pisces, the fishes*.

'S e an t-ainm a th' air an leabhar *Muir is Tìr*. Tha beul-aithris ann. Agus tha fiosrachadh ann. Tha e mu dheidhinn na mara, na tìre is nan speuran. 'S e am fear a chruinnich am fiosrachadh Seòras Chaluum Sheòrais no Seòras MacLeòid nach maireann.

\* \* \* \* \*

**Faclan is abairtean:** seo agaibh liosta de dh'fhaclan: *here is (for you) a list of words*; rùd/rùda: *ram*; tarbh: *bull*; càraid: *twins, couple*; crùbag: *crab*; leòmhann: *lion*; òigh: *virgin*; meidh: *scales*; nathair-nimhe: *scorpion*; boghadair: *archer*; gobhar: *goat*; fear-giùlain bùirn: *water carrier*; iasgan (more commonly èisg): *fishes*; Beàrnaraigh Mòr: *Great Bernera*; nochd iad ann an leabhar ùr an-uiridh: *they appeared in a new book last year*; bha am fear a chuir am fiosrachadh ri chèile na iasgair: *the man who collated the information ("put the information together") was a fisherman*; 's e a th' annta X: *what they are is/are X*;

comharraidhean dhen Chrios-nèimhe: *the signs of the zodiac*; cia mheud comharra a th' ann?: *how many signs are there?*; am bi sibh a' leughadh nan "rionnagan" anns a' phàipear-naidheachd?: *do you read the "stars" in the newspaper?*; dà chomharra dheug: *twelve signs*; mu dheidhinn na mara, na tìre is nan speuran: *about the sea, the land and the heavens*; 's e am fear a chruinnich am fiosrachadh: *the man who collected the information is [called]*; Seòras Chaluim Sheòrais: *George, son of Calum [who was] son of George*.

ends